

# A' sgrìobhadh eachdraidh-bheatha

## Stoidhle

Sgrìobhte anns an tràth chaithte airson rudan a tha air tachairt gu ruige seo

Tràth làthaireach airson na tha e/i a' dèanamh san latha an-diugh

An treas pearsa

## Structur

Ro-ràdh – cò, dè, càite, cuine, carson

Tachartasan agus coileanaidhean anns an òrdugh a thachair iad

Beagan mu thràth-bheatha, teaghlach, dachaigh, daoine a thug buaidh orra airson taic a chumail ris an leughadair an duine a thuigsinn

Cleachd dealbhan agus fo-thiotalan

Crìochnaich le fiosrachadh air na tha iad a' dèanamh an-diugh no mar a thèid an cuimhneachadh.

## Airson sealltainn òrdugh-tìm, cleachd naisgearan leithid:

Greiseag an dèidh sin...

An ceann greis...

Mus do thòisich e/i...

Fhad 's a bha e/i...

Às dèidh dha/dhi...

Thar nam bliadhnaichean a lean...

B' ann ann an 1901...

Aig an àm sin...

Mu dheireadh thall...

## Rudan ri chuimhneachadh!

Fiosrachadh mun t-seòrsa neach a bh' anna

An dà chuid fiosrachadh fìor agus beachdan

Mar a bha iad a' faireachdainn aig diofar amannan dem beatha

Aithrisean bhon duine fhèin no bho dhaoine eile

## Structur cànan feumail

Chaidh a dhiùltadh

Chaidh aontachadh

Chaidh na ciad fhaclan air uèir-fòn a ràdh le Bell.

Chaidh a t(h)iodhlachadh

Chaidh seòmar anns an leabharlann aig Oilthigh Mhunch ainmeachadh às a dèidh.

## Faclan feumail

rugadh

thogadh

Fhuair e oideachadh/foghlam

Leig e/i seachad a d(h)reuchd

bhàsaich

chaochail

